


Stiùireadh air ath-fhosgladh agus meudachadh obrach thar Ìre 3. Chan eil am fiosrachadh uile air a shealltainn. Seall ris an stiùireadh agus Ceist is Freagairt airson tuilleadh fiosrachaidh.

Bidh stiùireadh buntainneach agus comhairle slàinte phoblaich (leithid riaghailtean astarachadh corporra agus ceumannan slàinteachais leasaichte) a' buntainn ris na h-atharrachaidhean gu h-ìosal.



Tha Seirbheisean Poblach fhathast a' leudachadh agus ag ath-fhosgladh gu sàbhailte a' toirt a-steach Plana Ath-thòiseachaidh SNS

Sgoiltean: Bho 11 Lùnastal: Faodaidh clann tilleadh don sgoil làn-ùine (a rèir comhairle shaidheansail is slàinte leantainneach.) Tha am modal teagaisg measgaichte fhathast na phlana tuiteamach.

Dionachd: Chan eil na h-atharrachaidhean gu h-àrd a' buntainn ri daoine a tha fo dhionachd. Tha clàr air leth ri fhaighinn a tha a' mineachadh nan atharrachaidhean a tha san amharc a thaobh stiùireadh do dhaoine fo dhionachd.

Tha **còmhail phoblach** fhathast a' meudachadh a dh'ionnsaigh làn sheirbheisean aig an ìre seo le gluasad gu astarachadh corporra 1 meatair, le ùmhlachd do lasachadh cunnairt iomchaidh, a' leudachadh comais ann an carbadan agus soithichean.